

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Oifisean a' BhBC aig Pacific Quay

Diardaoin 6/9/18, 1030-1300

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd: Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Màiri Kidd
Donald MacAmhlaidh

Leisgeul Dùghall MacAmhlaidh

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul
Nicola Pearson (*Cunntasair Stiùiridh*)
Donald Dòmhnullach (*Manaidsear Gnìomhachais*)

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Dùghall MacAmhlaidh.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 17/5/18

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

4.1 Chaidh innse gun deach 100 leth-bhreac cruaidh den Aithisg Bhliadhnaile a chlo-bhualadh.

Chaidh moladh gun rachadh beachdachadh air Aithisg nas giorra airson 2018/19 le na gnothaichean a bha riatanach gu reachdail agus Aithisg eile fa leth airson innse mun bhliadhna. (Gníomh: DC)

4.2 Chaidh iarraidh air oifigearan fios mu chothroman treanaidh airson buill na Comataidh a sgaoileadh. (Gníomh: MAMI)

- 4.3 Chaidh dearbhadh gun rachadh teirmichean malairt le PACT a chur air làrach-lìn.
(Gníomh: MAMI)
- 4.4 Chaidh còmhradh a chumail mun obair a bhathas a' dèanamh gus sruthan-obrach fo-thiotalan a dhèanamh cho èifeachdach 's a ghabhas le teicneòlas ùr. Chaidh innse nach robh bun-structar teicneòla a' BhBC ann an Glaschu buileach deiseil airson leasachaidhean a cheadachadh ach gun robhas a' gabhail cheumannan eile gu ruige barrachd èifeachdais. Rachadh a' chuspair seo a chumail fo shealladh na Comataidh.

5 Clàr Riosgan

- 5.1 Chaidh aithne a dhèanamh air an obair ionmholta a bha Buidheann Riosg Chorporra a' dèanamh agus gum biodh Clàr Riosgan le cumadh ùr fa chomhair na Comataidh aig an ath choinneimh. (Gníomh: NMG). Chaidh innse gum biodh lùghdachadh mòr ri fhaicinn anns an àireamh de riosgan, leis mar a bhiodh na h-iomadh riosg a bha ann an-dràsta air an cruinneachadh mar chuspairean, le mineachadh mionaideach air an cùl. Rachadh an templaid "Risk Description Sheet" a chuaireachadh air buill. (Gníomh: MAMI)
- 5.2 Chaidh a chomharrachadh gun robh oifigearan den bheachd gun robh aon riosg a bha co-cheangailte ri àireamh luchd-obrach air a dhol suas. B' e sin, gun robh na h-iarrtasan a bha a' tuiteam air an sgioba gnìomhachais air a dhol am meud gu mòr air dà adhbhar:
(1) iarrtasan riaghachais chorparra (corporate governance) a tha air a bhith a' fàs (m.e. GDPR) agus, ri linn dìth luchd-obrach sònraichte le na comasan riatanach, a tha air a bhith tuiteam air an sgioba gnìomhachais ged nach b' e sin an obair aca, agus (2) an diofar seòrsa aonta agus cùmhant a bha a-nis a dhìth airson prògraman co-mhaoinichte agus stuthan goirid air-loidhne a chur air dòigh, agus a tha gu h-iomchaidh a' tuiteam air an sgioba gnìomhachais. A thuilleadh air cuideam pearsanta air luchd-obrach, bha seo a' cur ann an cunnart deagh ìrean choileantachd riaghachais chorporra agus cùmhant ann an deagh àm. Rachadh plana luchd-obrach a chur air adhart airson nan uallaichean riaghachais chorporra a shàsachadh fa leth bhon sgioba gnìomhachais, gus an sgioba gnìomhachais a shaoradh bho uallaichean nach eil co-cheangailte ris an obair bhunaiteach aca. (Gníomh DC)

- 5.3 Chaidh innse gun robh Bòrd na Co-bhanntachd (Joint Management Board aig BBC ALBA) ag ùrachadh clàr-riosgan agus gun rachadh beachdachadh air co-shuidheachadh a dhèanamh air an dà chlàr-riosg. (Gníomh: DC)

6 Aithisg bhliadhnaill HR

- 6.1 Bha aithisg air beulaibh bhall agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air. Chaidh an aithisg a chomharrachadh agus chaidh na puingean seo a thogail.

- 6.2 Chaidh bruidhinn mu phoileasaidh fastaidh eadar Steòrnabhagh agus Glaschu agus chaidh innse mura robh na dreuchdan riatanach airson aon oifis, bhiodh iad sùbailte a thaobh ionad obrach. Chaidh innse gun robh còmhraidhean a' dol le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean airson a bhith a' brosnachadh luchd-obrach na h-ama ri teachd anns na h-eileanan.

- 6.3 Chaidh moladh gum biodh poileasaidh fastaidh aig MG ALBA a bhiodh a' cur am follais mar a bhathas a' dòn chothromachd ghnèith (gender equality) anns a' phròiseas fastaidh (m.e. air pannalan agallaimh). (Gníomh: DC)

- 6.4 Chaidh comharrachadh cho beag ùine dheth le tinneas 's a bha luchd-obrach MG ALBA a' gabhail. Chaidh ceist a chur an robh gach neach a' clàradh gu mionaideach an ùine nach robh iad aig obair ri linn tinneas. Agus chaidh aithneachadh gun robh cunnartan an lùib luchd-obrach a bhith an làthair aig obair nuair nach robh iad a' faireachdainn math. Rachadh cuimhneachan a thoirt do luchd-obrach. (Gníomh: DC)

7 Plana Leasachaiddh a' Bhuid

- 7.1 Bha dreachd plana leasachaiddh a' Bhuid air beulaibh bhall a bha a' moladh gun cumadh a' Chomataidh uair sa bhliadhna (a) eacarsaich air plana leantainneachd (succession planning) agus amasan farsaing nan àrd-stiùirichean agus (b) eacarsaich air "scenarios" a bhiodh ag èirigh a-mach à Clàr-Riosgan.

- 7.2 Chaidh aontachadh ri na molaidhean.

- 7.3 Chaidh moladh cuideachd gun rachadh trèanadh air poileasaidh craolaidd poblach PSB a leudachadh a-mach bhon Chomataidh Inbhean gu gach ball. (Gníomh: DC)

8 Poileasaidhean

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le geàrr-iomradh air poileasaidhean na buidhne, clàr-ama airson a bhith gam measadh agus tionndadh às ùr de chuid a phoileasaidhean airson aonta. Chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 Chaidh ceist a chumail mu dheidhinn an robh cus phoileasaidhean ann, agus am b' urrainn cuid a thoirt còmhla. Bhathas den bheachd gun robh gach poileasaidh riatanach ach gum bu chòir am mìneachadh ann an dòighean cho feumail 's a ghabhas. Chaidh aontachadh sgrùdadhbh bliadhnailean a dhèanamh air iomlanachd agus iomchaidheachd nam poileasaidhean.
- 8.3 Chaidh aontachadh Poileasaidh Fastaidh a chur riutha. (Gníomh: DC)
- 8.4 Chaidh moladh dearbhadh gu bheil MG ALBA a' coileanadh dleastanas an *The Trade Union (Facility Time Publication Requirements) Regulations 2017* oir tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig ainmichte aig earrann 101. (Gníomh: DC)
- 8.5 Chaidh bruidhinn mu phoileasaidh àrainneachd agus plana leantainneach gnothaich, agus rinnear aithne air an obair a bha nan cois.
- a. *Poileasaidh Solarachaidh agus Sgeama Thairgse*
- 8.6 Chaidh moladh gum bu chòir dhan phoileasaidh a bhith air ath-sgrìobhadh ann an riodh nas cuideachaile do luchd-obrach, le bhith a' tòiseachadh le bhith a' mìneachadh mar nach eil a' mhòr chuid de chosg airgid MG ALBA fo sgeith a' phoileasidh (a thaobh 's gu bheil saoradh o phoileasiadh ann airson coimiseanadh phrògaman). Rachadh an ath sgrìobhadh a dhèanamh sa bhliadhna air thoisearch. (Gníomh: DC)
- 8.7 Chaidh atharraichean beag a dhèanamh, nan lùib gu sònraichte gun deach an dàrna seantans ann an 4.4.6 a thoirt às, agus thèid am poileasaidh, le na h-atharraichean sin, chun a' Bhùird air 27/9/18. (Gníomh: MAMI)
- b. *Còd Giùlain nan Ball*
- 8.8 Chaidh atharraichean beaga a dhèanamh air earrannan: 11.4.6, 14.9.2, 15.1, 15.3, 19.1 23.2. thèid am poileasaidh, le na atharraichean sin, chun a' Bhùird air 27/9/18. (Gníomh: MAMI)

9 Cuireadh gu Tagradh Sgrùdadh bhon Taobh a-muigh

9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh pròiseas fastaidh Luchd-Sgrùdaidh bhon Taobh a-muigh, agus bha buill riaraichte.

9.2 Mhol a' Chomataidh gum biodh an sgòr a bhathas a' toirt seachad airson prìs (suas gu 30% den iomlan) air obrachadh a-mach a rèir comhairle do bhuidhnean poblach agus nach biodh e stèidhichte air beachd pearsanta. Rachadh Donaidh MacAmhlaidh bhon Chomataidh air a' phannal agallaimh.

10 Aithisgean Raitheil

10.1 Chaidh iad seo a chomharrachadh agus bha ceistean aig buill.

10.2 Dh'iarr buill barrachd fios mu cheann cosgais *Administration* a bha a' coimhead coltach a bhith £18k thairis air buidseat.

10.3 Chaidh bruidhinn mu chosgais MG ALBA air tasglann nam prògraman Gàidhlig aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, agus chaidh moladh a bhidh ùr-ghnàthach nuair a bhathas a' tighinn gu aonta ùr airson na linn didseatach le, mar eisimpleir, a bhith a' smaointiinn air dreuchd a bhiodh air a cho-roinn no aig am biodh dachaigh le MG ALBA.

11 Aithisgean air leth

11.1 Cha robh gin ann airson a' chairteal seo.

12 GISBE

12.1 Cha robh gin.

Deit na h-ath choinneimh – 7/11/18, Glaschu

Ainm sgriobhte a' Chathraiche:

Deit: